

Notaichean an Tidseir

Sgeulachd LEGO An Samaritanach Math



'S e cosamhlachd ainmeil às a' Bhìoball a th' anns an sgeulachd '**An Samaritanach Math**'. Dh'innis Ìosa an sgeulachd seo airson an abairt ainmeil 'Gràdhaich do nàbaidh' a mhìneachadh.

Seo am fear as ùire ann an sreath de bhidiothan LEGO agus faodar am beòthalachd a chleachdadh airson an sgeulachd àlainn '**An Samaritanaich Math**' a theagasg ann an Gàidhlig agus ann am Beurla. Leis an stòras ùr seo (dreach Gàidhlig & Beurla) faodar tòrr spòrs agus obair tharraingeach a chruthachadh (Gàidhlig & Beurla) an dèidh a' bhidio a choimhead.

Teagaisgidh an sgeulachd bhrosnachail seo dhan chloinn mu mheasgachadh de fheartan daonnail, mar coibhneas, co-ionannachd, fialaidheachd agus cùram.

Tha am beòthalachd Bìobaill '**An Samaritach Math**' fìor-mhath airson a bhith a' teagasg dhan chloinn mu cho-ionannachd. Ged nach robh lùdhaich agus Samaritanaich a' faighinn air adhart seach gun robh creideamhan eadar-dhealaichte aca, bha an dìthis a tha san sgeulachd co-ionnan seach gur e daoine a bh' annta le chèile.

Tha an sgeulachd iongantach seo a' teagasg gu bheil gràdh aig Dia air a h-uile duine, a dh'aindeoin cò iad. 'S e eisimpleir mhath a th' anns an sgeulachd air fìor fhialaidheachd cuideachd. Rinn an Samaritanach na b' urrainn dha airson an t-lùdhach a chuideachadh agus ghabh e deagh chùram dheth. Tuigidh a' chlann ma bhios duine feumach air cuideachadh gur e làmh cuideachaidh a thoirt dhaibh an rud a tha coibhneil a dhèanamh, ge bith dè an suidheachadh anns a bheil iad.

Tha an stòras àlainn seo freagarrach airson a chleachdadh anns an sgoil agus aig an taigh; agus le a chleachdadh bheir e piseach air raon-fhacal na cloinne agus air na sgilean aca ann an èisteachd, còmhraidh, leughadh agus sgrìobhadh.

Dh'fhaodadh obair às dèidh làimh na rudan a leanas a ghabhail a-steach, le atharrachaidhean a rèir aois agus ìre:

RME:

- Bruidhnibh ris a' chloinn mun bhidio, gus cuideachadh leotha a bhith a' tuigsinn, no a bhith a' daingneachadh dhaibh, brìgh na cosamhlachd.
- Rannsaichibh agus bruidhnibh mu dè tha a' tachairt san sgeulachd.
- Rannsaichibh na cuspairean: cùram, fialaidheachd, co-ionannachd, coibhneas.
- Sònraichibh, dèanaibh còmhraidh/deasbad, thoiribh beachd air na feartan agus na creideamhan a th' anns an sgeulachd agus mar a dh'fhaodas iad buaidh a thoirt air na nì daoine.

Litearrachd:

- Tarraingibh a-mach na puingeann as cudthromaich san sgeulachd agus faclan agus abairtean cudthromach.
- Cuir an sgeulachd 'An Samaritanach Math' ann an òrdugh rianail – m.e. diagram; dh'fhaodadh clann an dreach Lego aca fhèin a thogail de phàirtean den sgeulachd, le dithis no buidheann beag ag obair còmhla a rèir aois agus ìre; dh'fhaodadh a' chlann leubail a chur air an obair a thog iad/geàrr-chunntas a sgrìobhadh nam faclan fhèin/dealbhan a thogail mar fhianais air an cuid obrach; agus dh'fhaodadh iad sin a luchdachadh gu làraich air-loidhne.
- Dèan ath-innse air an sgeulachd le dealbhan, pupaidean/riochd chleasachd, no mar leabhar-latha tro shùilean aon de na prìomh characteran.
- Dèan geàrr-chunntas air 'An Samaritach Math' nad fhaclan fhèin.
- Sgrìobh Litir Taing bho shealladh an duine a chaidh a chuideachadh no/agus sgrìobh Litir Taing gu chuideigin a tha air a' chlann fhèin a chuideachadh.
- Sgrìobh iomradh air àm an uair a chuidich cuideigin a' chlann – m.e. tidsear/leas-thidsear, pàrant, piuthair no bràthair, neach meadaigeach.

Slàinte agus Fallaineachd

- Dèanaibh deasbad air an UNCRC agus na h-artaigilean iomchaidh agus na cairtean-balla airson rùm na sgoile.
- Ceangal an sgeulachd ri bhith a' cur fòcas air stèidheachadh càirdeasan iomchaidh.

Na h-Ealain agus Dràma:

- Ath-chruthaich an sgeulachd 'An Samaritanach Math' tro riochd chleasachd/dràma no cruthaich do sgrìobt fhèin air cuspairean bhon sgeulachd le sùil ri fhoillseachadh mu choinneimh a' chlas no aig cruinneachadh sgoile.

Teicneòlas:

- Tog earrannan den sgeulachd le Lego a tha freagarrach dhan aois/ìre.
Tog an **taigh-òsta** agad fhèin a' cleachdadh an **sgeama PDF aig LEGO**.



Curraicealam airson Sàr-mhathais – eòlasan, builean agus slatan-tomhais

	Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
Tràth ìre	Nuair a tha mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' meudachadh mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mu cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cùram do, a' roinneadh agus a' co-obrachadh le, daoine eile. RME 0-02a Tha mi a' leudachadh spèis do dhaoine eile agus mo thuigse mun creideasan agus luachan. RME 0-07a Nuair a bhios mi a' cluich agus ag ionnsachadh, tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu dè tha cothromach agus dè nach eil, agus mun adhbhar gu bheil cùram agus co-roinneadh cho cudromach. RME 0-09a Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, tha mi ag ionnsachadh fhacail agus abairtean ùra. Tha mi gan cleachdadh airson mo chuideachadh a' bruidhinn, a' cluich is ag obair còmhla ri daoine eile. GAI 0-02a <i>Tha mi ag èisteachd no a' coimhead airson fiosrachadh feumail, agus tha mi a' cleachdadh seo gus taghaidhean a dhèanamh no rudan ùra ionnsachadh.</i> LIT 0-04a <i>Airson mo chuideachadh a' tuigsinn sgeulachdan agus theacsaichean eile, tha mi a' faighneachd cheistean agus a' dèanamh ceangal eadar na tha mi ag ionnsachadh agus nas aithne dhomh mu thràth.</i> LIT 0-07a / LIT 0-16a / GAI 0-17a <i>Ann an suidheachaidhean fìor is mac-meanmnach, tha mi a' cur an cèill eòlasan agus faireachdainnean, beachdan agus fiosrachadh gu soilleir.</i> LIT 0-09a 'S toigh leam a bhith a' rannsachadh thachartasan is characteran ann an	- Roinn smuaintean mu dheidhinn dè tha cothromach, mì-chothromach, cùramach agus roinneil. - Ag èisteachd ri, a' taisbeanadh tuigse agus ag ath-aithris fhacail is abairtean ùra bho chleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachadh làn-bhogaidh tarsainn measgachadh de cho-theacsan. Tha an neach-ionnsachaidh a' fàs misneachail a thaobh cleachdadh air a' Ghàidhlig ann an suidheachaidhean sòisealta agus gnàth-ghnìomhan. - Freagairt cheistean, comhairle agus stiùireadh gu h-iomchaidh, air an toirt

		• Cleachdadh fhacail chumanta Gàidhlig airson seantansan simplidh a chruthachadh. • Conaltradh le teacsaichean air an leughadh dhaibh. • Ag ath-innse sgeulachdan eòlach ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir cluich-riochd, pupaidean agus dealbhan tarraingte. • Faighneachd agus freagairt cheistean mu thachartasan agus bheachdan ann an teacsa. • Freagairt cheistean gus cuideachadh le ro-innse air an ath nì a tha a' dol a thachairt. • Deasbad characteran agus thachartasan a tha buntainneach don teacsa. • Roinn smuaintean agus fhaireachdainnean mu sgeulachdan is theacsaichean eile ann an diofar dhòighean. • Ceangal fiosrachaidh agus bheachdan bho theacsa ri eòlasan pearsanta. • Togail mhodailean a' cleachdadh diofar stuthan, me modaileadh bho smodal, blocaichean fiodha. • Cleachdadh innealan agus stuthan (pàipear, cairt, fiodh, plastaig) airson modailean a chruthachadh.
A' chiad ìre	An dèidh sgeulachdan às a' Bhìoball agus sgeulachdan Crìosdail eile a leughadh, 's urrainn dhomh mo thuigse, a tha a' sìor fhàs mu phrìomh luachan Crìosdaidheachd a shealltainn, agus mar a dh'fhaodadh iad a bhith air an cur an gnìomh ann am beatha dhaoine agus choimhearsnachdan. RME 1-02a 'S urrainn dhomh tuigsinn prìomh fheartan luachan Chrìosdaidheachd, a tha air an sealltainn ann an	• Toirt iomradh, deasbad agus nochdadh beachd air aon adhbhar aig a' char as lugha mu aon chreideas¹ bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail agus co-dhiù aon bhuidheann creideis a tha neo-eisimeileach do chreideamh.² • Toirt iomradh air agus a' deasbad co-dhiù aon chreideas pearsanta agus aon eisimpleir aig a' char as lugha de mar a dh'fhaodadh fèin-chreideasan buaidh a

1Tha coltas gu bheil an 'creideas' airson a bheachdachadh, a' tighinn bho raon de thùsan do gach buidheann creideimh/creideis. Dh'fhaodadh gu bheil no nach eil e sgrìobtaireil agus dh'fhaodadh gu bheil e a' tighinn bho mheasgachadh de ghnèithean, mar eisimpleir, bàrdachd, sgeulachd, ceòl msaa, agus dh'fhaodadh gu bheil ìomhaighean na lùib bhon bhuidheann creideimh/creideis, ma tha sin iomchaidh. Tha an saorsa seo a thaobh gnèithean agus brosnachaidhean iomchaidh a thaghadh freagarrach tarsainn nan ìrean uile.

2Tha coltas gum bi 'buidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh', mar eisimpleir, Daonnaireachd. Ach dh'fhaodadh gur e buidheann a th' ann cuideachd leithid carthannas a tha stèidhichte air prionnsapalan 'neo-chreideamhach'. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag adhartachadh tro na h-ìrean, dh'fhaodadh gun gabhar a-steach seallaidhean feallsanachail leithid feumachalachd.

	sgeulachdan. RME 1-02b Tha' mi a leasachadh mothachadh gu bheil creideasan agus luachan aig cuid de dhaoine a tha neo-eisimeileach bho chreideamh. RME 1-09a 'S urrainn dhomh mo thuigse mu luachan a nochdadh, mar chùram, co-roinneadh, cothromachd, ionannachadh agus gràdh. RME 1-09b Tha mi a' fàs mothachail gu bheil creideasan agus luachan dhaoine a' toirt buaidh air an gnìomhan. RME 1-09c Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, 's urrainn dhomh facail agus abairtean ùra a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèiligeadh ri daoine eile. GAI 1-02a Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, is urrainn dhomh adhbhar agus prìomh fhacail agus bheachdan an teacsa aithneachadh agus bruidhinn air, agus am fiosrachadh seo a chleachdadh airson adhbhar sònraichte. LIT 1-04a 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt no a' faighneachd diofar sheòrsaichean cheistean. LIT 1-07a 'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan no pròiseasan, mo bheachdan a thoirt seachad no ìmpidh a chur air an leughadair ann an diofar dhòighean. LIT 1-28a / LIT 1-29a	thoirt air gnìomhan. • Toirt iomradh air agus a' deasbad aon luach³ bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh, a' taisbeanadh mar a dh'fhaodte an luach seo a chur an gnìomh. • Toirt iomradh air agus a' deasbad aon luach pearsanta agus aon eisimpleir aig a' char as lugha, de mar a dh'fhaodadh fèin-luachan buaidh a thoirt air gnìomhan. • Gabhail a-steach fhacail is abairtean ùra Gàidhlig do chànan a tha freagarrach don luchd-èisteachd le cruinneas fuaimneachaidh. • Comharrachadh agus deasbad an adhbhair airson teacsaichean, a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd. • Comharrachadh agus deasbad nam prìomh bheachdan ann an teacsa labhairte agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a thional airson adhbhar sònraichte leithid ath-innse air eòlas no ath-ghairm air tachartas. • Faighneachd agus freagairt diofar sheòrsaichean cheistean a tha a' taisbeanadh tuigse do na prìomh bheachdan sna teacsaichean a chaidh a choimhead no ris an deach èisteachd.
--	--	---

3Dh'fhaodadh 'luach' a bhith a' gabhail a-steach phrionnsapalan mar neo-fhèinealachd, spèis, co-ionannachd. Mar a bhios luchd-ionnsachaidh ag adhartachadh tro na h-ìrean, faodar adhartachadh a bhrosnachadh tro rannsachadh air luachan ann an gnìomh seach ann am prionnsapal – mar eisimpleir, an àite a bhith a' rannsachadh luach cùraim do dhaoine eile san fharsaingeachd, dh'fhaodadh beachdachadh air an seo le bhith a' rannsachadh chùisean sònraichte moralta mar chòraichean daonna, cùisean gnèithe msaa.

	'S urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh agus mar a thug iad orm faireachdainn. GAI 1-30a Is urrainn dhomh dealbhadh agus togail modailean agus na fuasglaidhean agam a mhìneachadh TCH 1-09a	Ann an sgrìobhadh airson fiosrachadh iomchair, iomradh a thoirt air tachartasan no pròiseasan, beachdan a roinn, no impidh a chur air leughadairean ann an diofar dhòighean: • Taghadh, eagrachadh agus libhrigeadh fiosrachaidh ann an diofar dhòighean. • Cleachdadh briathrachais air ionnsachadh bho raon de cho-theacsan agus teacsaichean tarsainn a' churraicealaim agus gu h-iomchaidh ann an sgrìobhadh. • Roinn a bheachd fhèin agus a' dèanamh feum de bhriathrachas agus cànan, gus feuchainn ri impidh a chur air an leughadair, mar a bhios iomchaidh don adhbhar Ann an sgrìobhadh gus iomradh a thoirt no eòlasan a roinn: • Sgrìobhadh mu eòlasan pearsanta ann an òrdugh ceart, a' cleachdadh briathrachais iomchaidh Gàidhlig airson iomradh a thoirt air faireachdainnean, smuaintean agus tachartasan. • Cruthachadh agus fireanachadh fuasgladh do dhùbhlann deilbhidh sònraichte, beachdadh air cò dha a tha e, càite agus ciamar a thèid a chleachdadh. • Cleachdadh innealan iomchaidh agus modhan ceangail airson modail a thogail.
An dàrna ìre	Tro rannsachadh agus smaoineachadh mu bheatha agus teagasg Ìosa agus prìomh fhigearan Crìosdail, agus a' tarraing air luachan moralta, a tha air an innse ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' tòiseachadh a' tuigsinn mar a thug iad buaidh air moraltachd Crìosdail. RME 2-02a 'S urrainn dhomh mo bheachdan a tha a' sìor fhàs mu luachan, mar cothromachd agus co-ionannachd agus gràdh, cùram, co-roinneadh agus còirean daonna a shealltainn. RME 2-02b Tha mi a' meudachadh mo thuigse mu mar a tha an creideasan fhèin a' tighinn gu daoine, agus tha mi a' dèanamh barrachd adhartais mu mo mhothachadh air gu bheil iomadachd	• Rannsachadh, toirt iomradh air, mìneachadh agus cur an cèill beachd air co-dhiù aon luach bho Chrìosdaidheachd, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh. • Deasbad dhòighean sam faod fèin-chreideas buaidh a thoirt air gnìomhan. • Deasbad agus cur an cèill bheachdan mu chudromachd luachan mar ionracas, spèis agus co-fhaireachdainn.

	creideis ann an Alba an-diugh. RME 2-09a Tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu gu bheil creideas an agus luachan aig daoine, a tha stèidhichte air suidheachaidhean creideimh agus suidheachaidhean eile. RME 2-09b 'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha diofar dhaoine a' smaoineachadh gu bheil luachan, mar onair, spèis agus co-fhaireachdainn cudromach, agus tha mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile. RME 2-09c Tha mi a' toirt air adhart mo thuigse mu mar a tha mo chreideas fhìn agus creideas dhaoine eile a' toirt buaidh air ar gnìomhan. RME 2-09d Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraidhean, 's urrainn dhomh facail, abairtean agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig ùra a chleachdadh airson mo chuideachadh a' dèiligeadh ri daoine ann an dòigh fhongail, a' cleachdadh briathrachas farsaing agus structaran cànanach nach eil cho simplidh. GAI 2-02a Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh. LIT 2-02a Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-04a	• Cur a-steach àireamh de smuaintean buntainneach, fiosrachadh agus beachdan ann an conaltradh le càch. • Nochdadh spèis do bheachdan chàich agus a' tabhach a shealladh fhèin. • Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean, a' soilleireachadh phuingean no a' cur taic ri beachdan no smuaintean chàich. • Cleachdadh fheartan den Ghàidhlig gu ceart agus le mionaideachd a tha a' sìor fhàs, mar eisimpleir structaran gràmair agus gnìomhairean neo-riaghailteach. • Gabhail a-steach raon de bhriathrachas, abairtean agus gnàths-cainnt don chànan a tha iomchaidh don luchd-èisteachd tarsainn raointean den churraicealam. • Cur an sàs feartan den chànan labhairte gu soilleir na thaisbeanaidhean labhairteach agus eadar-obrachaidhean fhèin • Comharrachadh an adhbhair airson teacsaichean labhairte le mìneachadh simplidh. • Comharrachadh agus taisbeanadh tuigse do na prìomh bheachdan ann am measgachadh de theacsaichean labhairte, le taic mion-fhiosrachaidh, agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a thional airson
--	--	--

	Is urrainn dhomh leudachadh agus cur ris na sgilean deilbh agam gus ceistean fhuasgladh agus is urrainn dhomh modailean a thogail. 'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean. LIT 2-28a Nuair a tha mi a' sgrìobhadh airson diofar adhbharan agus leughadairean, 's urrainn dhomh cunntas a thoirt do dhaoine eile air rudan a thachair dhomh, ag innse mun bhuaidh a bha aca air mo smaoinachadh agus m' fhaireachdainn. GAI 2-30a TCH 2-09a cleachdadh raon fharsaing de bhriathrachas Gàidhlig agus cruthan taghte, agus a' cleachdadh iad sin gus teacsaichean ùra labhairte a chruthachadh airson raon de dh'adhbharan. Ann an sgrìobhadh gus fiosrachadh a nochdadh, iomradh a thoirt air tachartasan, pròiseasan a mhìneachadh no beachd-smuaintean a chothlamadh ann an diofar dhòighean: • Cleachdadh stoidhle agus cruth iomchaidh airson fiosrachadh a nochdadh, a' cur an sàs prìomh fheartan den ghnè taghte. • Gabhail a-steach bheachdan, eòlas agus fiosrachadh buntainneach. • Eagrachadh agus taisbeanadh fiosrachaidh ann an dòigh tuigseach. • Cleachdadh guth agus briathrachas a tha freagarrach don adhbhar. Ann an sgrìobhadh airson ìmpidh, luachadh, cùisean a rannsachadh no beachd a thoirt seachad: • Taisbeanadh bheachdan agus fiosrachadh buntainneach, a' gabhail a-steach taic mion-fhiosrachaidh, airson puing a nochdadh. • Eagrachadh fiosrachaidh ann an dòigh tuigseach. • Cleachdadh fhacail no abairtean ceangalach mar a bhios iomchaidh. • Gabhail a-steach ro-ràdh a tha a' dèanamh a' chuspair soilleir agus co-dhùnadh a tha a' cur crìoch air an sgrìobhadh. • Feuchainn ri cànan a chleachdadh gus buaidh a thoirt no ìmpidh a chur air an leughadair, mar eisimpleir taghadh fhacail, puingeachadh, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach agus / no cainnt fhaireachdainneil. • Cleachdadh innealan agus uidheam gus gnìomh a choileanadh gu sàbhailte. • Cleachdadh raon de dhòighean airson stuthan a cheangal agus a neartachadh. • Tuairmseadh agus an uair sin tomhas gun mhearachd a' cleachdadh aonadan agus innealan iomchaidh. • Cruthachadh raon de bheachd-smuaintean agus a' taghadh fhuasgladh freagarrach. • Luachadh fhuasglaidhean agus
--	--

		mineachadh carson a tha no nach eil iad freagarrach.
Tràth – dàrna ìrean	Tha fios agam gu bheil càirdeas, cùram, roinn, cothromachd, co-ionannachd agus spèis cudromach ann an dèanamh dàimh làidir ri daoine. Mar a tha mi a' togail agus a' cur luach air dàimhean, tha mi a' nochdadh sùim agus spèis dhomh fhìn agus do dhaoine eile. HWB 0-05a / HWB 1-05a / HWB 2-05a Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còirichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còirichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòirichean dhaoine eile. HWB 0-09a / HWB 1-09a / HWB 2-09a	
Tràth – dàrna ìrean	Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhrama. EXA 0-13a / EXA 1-13a / EXA 2-13a	(Tràth ìre) - Gabhail pàirt ann an dealbh-chluich no suidheachadh dràmach, mar eisimpleir, cuirm le pupaidean, suidheachadh fìor no sa mhac-mheanmhainn, ath-ghnìomhadh air sgeul no sgeulachd thraidiseanta. (A' chiad ìre) - Cruthachadh, taghadh agus gabhail pàirt caractar taobh a-staigh dràma leithid suidheachadh fìor no mac-meanmhainneach, ath-ghnìomhadh air sgeul, sgeulachd thraidiseanta. - Cruthachadh dràma goirid tro leasachadh gun ullachadh, bho bhrosnachadh sònraichte agus ag obair còmhla. - Nochdadh tuigse do mar a dh'obraichear bho sgriobt le bhith a' cleasachd no a' labhairt aig an àm iomchaidh, mar eisimpleir, ann an dealbh-chluich Nollaig, sgeulachd fuaimne no dàn. - Cur ri leasachadh air dràma, le bhith a' deasbad thaobhan den dràma leithid caractar, coileanadh no sgriobt, mar eisimpleir, dè chanadh caractar ann an sgeul aithnichte ri caractar eile. - Roinn bheachdan agus ag èisteachd ann an dòigh iomchaidh ri beachdan chàich mu dheidhinn na tha ag obrachadh gu math agus na dh'fhaodadh a leasachadh nan obair fhèin agus obair chàich, a' cleachdadh beagan briathrachais dràma.

		. (An dàrna ire) • Cruthachadh dràma goirid mar phàirt de bhuidheann no fa leth, a' cleachdadh leasachadh gun ullachadh no sgrìobt foillsichte. • Togail air tabhartasan chàich ann an leasachadh bheachd-smuaintean airson dràma co-roinnte, a thaobh plot, caractaran agus ealain dràma. • Taisbeanadh dràma goirid mar phàirt de bhuidheann, a' cleachdadh leasachadh gun ullachadh no sgrìobt.
--	--	--